

National Library of Scotland



B000035251

CUIS NA “VOLUNTARIES” GUN STEIDH;

NO,

*Coir agus Dleasdanas gach Rioghachd an Creideamh
Crìosdaidh aideachadh agus a Chleachdadh.*

LEIS AN OLLAMH URRAMACH
SEUMAS BEGG.

AIR EADAR THEANGACHADH GU GAIDHLIG.

—:O:—

“Oir an cinneach agus an rioghachd nach dean seirbhis dhuit, bithidh iad cailte ; seadh sgriosar na cinnich sin gu tur.”—Is. lx. 12. “Bithidh esan a riaghlas os ceann dhaoine ceart, a’ riaghladh ann an eagal Dé.”—2 SAM. xxiii. 3. “Oir dhoibhsan a bheir urram dhomhsa bheir mise urram.”—1 SAM. ii. 30. “Oir cha ’n ’eil cumhachd ann ach o Dhia ; agus na cumhachdan a ’ta ann, is ann le Dia a dh’orduicheadh iad oir is esan seirbhiseach Dhe chum maith dhuit.”—ROM. xiii. 1-4.

Tha e air a rùnachadh leis na “*Voluntaries*,” cha ’n e an Eaglais Steidhichte ath-leasachadh, no a deanadh na ’s fearr, ach a tilgeadh bun-os-ceann, agus a h-ionmhas a chaitheamh ann an aobhair aimsireil ; agus mar so an Rioghachd a sgaradh gu tur bho ’n Eaglais, agus bho aidmheil Chrìosdaidh sam bith. Tha mòran de dhaoine a’ meorachadh agus a’ smuaineachadh, ma luidheas cairdean Eaglais na h-Alba an clò cadail, agus ma bhith-eas an Rioghachd air a dùsgadh gu mothachadh fhaotainn air ionmhas nan Eaglaisean Steidhichte, gu ’m feud Luchd-riaghlaidh eirigh am Parlamaid Bhreatuinn, a thilgeas a thaobh na h-Eaglaisean Steidhichte airson fabhar agus comhnadh na “*Voluntaries*” fhaotainn air an taobh. Tha e uime sin ro fheumail gu’n seall daoine glìce air a’ chùis gu soilleir, agus gu’m breithnich iad a’ chùis gu ceart, agus gu’n tuig iad gach ole a thig an lorg na “*Voluntaries*.”

“*Voluntaryism*,” cho dàna, dalma, ladarna, a fhuair a thoiseach ann an ar-a-mach nam Frangach! B’e so ceud thoiseach nan daoine so. Chuir iad an cùis an dreach sgiamhach gu leoir; ach tha an eachdraidh sgreamhail agus eagallach. Cha chualas riamh aobhar na cùise so, gus o cheann beagan bhliadhnachan.

Sgiamhach mar a dh’ fheudas iarrtus na muinntir so a bhi bho’n leth a muigh, cha ’n ’eil ann ach an-diadhachd a tha anabharrach cunnartach,—na’s cunnartaiche na an-diadhachd eile san tìr. Tha an an-diadhachd so ag aicheadh dleasdanas Rioghachdan urram a chur, agus onoir a thabhairt, do Dhia nan Rioghachdan; agus ag aicheadh mar an ceudna gur e dleasdanas Rioghachd an Tighearna Iosa Criosd aideachadh, agus aobhar a chur air aghaidh anns an t-Saoghal.

Mar so, tha sinn a’ faicinn gu soilleir gu bheil na “*Voluntaries*” ag aicheadh dleasdanas agus còir na Rioghachd agus a Riaghlairean, aobhar Rioghachd an t-Slanuighear a chumail suas agus a chraobh-sgaoil-eadh.

Ma dh’ aontaicheas sin ris a so, bithidh, cha ’n e mhain Eaglaisean Steidhichte Bhreatuinn air an tilgeadh bun os ceann, ach bithidh mar an ceudna Laghanna na rioghachd air an tabhairt gu neo-bhrìgh,—eadhon na laghanna a bhuineas do chrùn Bhreatuinn, bho ’m bheil a’ sruthadh co liutha sochair phriseil do bhochd agus do bheartach.

Gun teagamh cha ’n ’eil na “*Voluntaries*” a’ cumail a mach na cùise so cho soilleir, ged a tha e air fhilleadh a stigh ’n an teagasg, “*Tha car eile ’n ruidhle ’bhod-aich.*” Agus ’s e an “*car*” agus an oidhearp a bhi toirt air daoine a chreidsinn gu’m bitheadh teachd-an-tìr nam

ministeirean air a chaitheamh na b' fhearr ann a bhi paigheadh chisean, agus gu'm bitheadh ceartas na b' fhearr eadar duine agus duine,—gu'm bitheadh Pàpan-aich, Protestanaich, agus gach neach a tha gun Dia agus gun dochas air an aon bhonn.

Tha cuid de chairdean na h-Eaglais cho faoin agus cho amaideach agus nach 'eil iad a' faicinn gach mallachd a thigeadh an lorg a leithid so de atharrachadh. Uime sin tha e ro fheumail, le beannachadh an Fhreasdail, gum bi gach caoin-shuaraicheas mu'n chuis chudthrom-aich so air fhuadach air falbh, agus gum bi a' chùis air a breithneachadh gu ceart leis gach aon.

Tha aobhar na "*Voluntaries*" air a' leigeil ris le'n luchd-tagraidh air iomadh doigh. Aon uair cumaidh an luchd-tagraidh a mach gur e dleasdanas na Rioghachd geill a thoirt a mhàin do dhara clàr nan deich aitheantan, ach gun ghnòthach sam bith a ghabhail ris a' cheud chlàr;—a' cumail a mach gur e còir Rioghachd a dleasdanas a nochdadh do dhaoine, ach gun dleasdanas sam bith a leigeadh ris do Dhia. Aig am eile tagraidh iad gu bheil gach luchd-aidmheil co-ionann;—air uairibh eile tagraidh iad nach buin e idir do Lagh na Rioghachd gnothuch sam bith a ghabhail ri nithibh spioradail. Ach anns gach doigh agus seadh anns a' bheil bonn-steidh na "*Voluntaries*" air a leigeadh ris, tha aon ni gu soilleir air a chur an ceill; agus 's e sin, cha 'n e mhain a bhi tilgeadh bun-os-ceann Eaglaisean Steidhichte, ach a bhi toirt Albainn agus Shasuinn mar Rioghachdan gu An-diadhachd agus gu Dia-aicheadh, maille ri iomadh atharrachadh cianail eile.

Tha a' cheist so ro chudthromach, agus, gun teagamh

sam bith, bu choir d'i coguis gach duine Criosdaidh aig a' bheil gràdh d'a dhùthaich a dhùsgadh. Shaoil-eamaid aig an àm cheudna gu bheil an fhreagairt cho soilleir, agus a tha a' chùis cho cudthromach.

An 'ne nach eil Rioghachdan mar Rioghachdan fo riaghladh freasdail De? Nach 'eil aca ri cunntas a thabhairt do Dhia? Nach 'eil Rioghachdan 'n an cuspairean airson duais agus peanais? A' bheil sinn ri smuaineachadh gu bheil aig gach duine fa leth ri cunntas a thabhairt do Dhia airson a dhleasdanas d'a theaghlach agus d'a choimhearsnaich, agus gu bheil e gu'n dleasdanas sam bith do Dhia, m'ar aon a bhuineas do'n Rioghachd? Nach e bu choir dhuinn aideachadh gu bheil an cunntas a th' againn ri thabhairt ag eirigh anns an tomhas 's a bheil sinn a' sealbhachadh sochairean àrd? "Oir gach neach d'an d' thugadh mòran, iarrar mòran uaith" (Luc. xii. 48). An urrainn Rioghachdan a bhi caoin shuarach a thaobh Chrìosd agus aobhair? "An neach nach 'eil leam-sa, tha e a'm aghaidh, agus an neach nach 'eil a' cruinneachadh leam-sa sgapaidh e" (Luc. xi. 23). Nach buin so idir do dhleasdanas Rioghachd? Nach 'eil e idir iomchuidh air Rioghachd urram a chur air Dia, agus seirbhis a dheanamh Dhasan agus do Chrìosd? "A nis ma ta, a Rìghrean, bithibh glic; gabhaibh foghlum, a Bhreitheamhna na talmhainn. Deanaibh seirbhis do'n Tighearna le h-eagal agus deanaibh gairdeachas le ball-chrith. Pògaibh am Mac, air eagal gu'm bi fearg air, agus gu sgriosar sibh san t-slighe" (Salm ii. 10-12). Tha na briathraibh so air an tabhairt bho'n dara Salm, agus tha an cumhachd mar reusan airson Eaglaisean Steidhichte agus aidmheil Rioghachd fo'n Tiomnadh nuadh a' co-sheasamh an so,—

gu'm bheil an t-Salm gu leir a' cur an ceill linn agus aobhar an t-Soisgeil, agus a' comharrachadh a mach gur e a' mhuinntir a tha air an earalachadh aig deireadh na Saim a tha air an cronachadh aig a toiseach. "Dh' eirich rìghrean na talmhainn, agus ghabh na h-uachd-arain comhairle le cheile, an aghaidh an Tighearna, agus an aghaidh 'Aoin ungtà-san, ag radh, Briseamaid o cheile an cuibhreach, agus tilgeamaid dhinn an cuing." Tha e air aideachadh gu bheil na briathraibh so a' ciallachadh "Herod, Pontius Pilat, na Cinnich agus pobull Israel;"—ann am briathraibh eile, iadsan a tha 'n am ball-sampuill air rioghachdan Iudhaich agus Cinnich. Tha, mar so, iadsan a tha leigeil ris agus a' samhlachadh Rioghachdan 'n an ughdarras follaiseach, air an comharrachadh a mach, a' cur an aghaidh Prionnsa na beatha; agus an ceart seorsa dhaoine 'n an ughdarras agus 'n an dleasdanas faicsinneach air an comhairleachadh, mar an gliocas a's airde, seirbhis a dheanadh do Mhac Dhé, agus aobhar a chur air aghaidh.

Mu Eaglais Chrìosd, tha e sgrìobhta: "Agus bithidh Rìghrean 'n an oideachan altruim dhuit, agus na ban-rìgheannan 'n am mathraichean altruim dhuit" (Is. xlix. 23). "Oir an cinneach agus an Rioghachd nach dean seirbhis dhuit, bithidh iad cailte; seadh, sgriosar an cinneach sin gn tur" (Is. lx. 12). "Bheir Rìghrean Tharsis agus nan Eileanan tiodhlacan uatha. Bheir Rìghrean Sheba agus Shaba tabhairtais dha" (Ps. lxxii. 10, 11). Agus ma 's e "fireantachd a dh'ardaicheas Rioghachd," nach e uime sin dleasdanas Riaghlairean an "*fhireantachd*" sin a chur air a h-aghaidh. Seadh nach 'eil an t-abstol Pol (1 Tim. ii. 1, 2) ag aithne dhuinn "ùrnuigh as leth rìghrean, agus iadsan a tha ann an ùgh-

darras a chum gu'n caith sin ar beatha gu foisneach agus gu siochail, anns an uile dhiadhachd agus chiatachd." Tha e air a' radh le firinn, mur 'eil dleasdañas sam bith iomchuidh air luchd riaghlaidh a thaobh nithibh spioradail, agus gach "uile dhiadhachd," ach a mhain mu "onoir," nach biodh brìgh am briathraibh an Abstoil. Agus cha 'n eil e farasda idir a thuigsinn ciamar a ghabhas "*Diadhachd*" agus "*Onoir*" a sgaradh bho chèile.

Tha aidmheil Rioghachd n'as soilleire air a leigeil ris, cha'n ann a mhàin ann a bhi 'g aideachadh a' chreidimh Chriosduidh 'n ar Laghanna agus 'n ar gnìomhara follaiseach, ach ann an Eaglais Steidhichte a chumail a suas, trid am bi eolas firinn Dhè air a sgaoileadh, le ministrealachd dhileas anns gach Sgìreachd fa leth, agus anns gach ionad 's an tìr. Cha'n aithne dhuinn doigh sam bith eile trid am bi a chùis chudthromach cho eifeachdach air a nochdadh agus air a coimhlionadh. Gun teagamh sam bith cha 'n 'eil doigh a chleachdas daoine iomlan; feumaidh iad a bhi air an athleasachadh bho àm gu àm. Tha mòran tuille na so air fhilleadh a stigh anns gach nì a tha *Eaglais Steidhichte* a' ciallachadh; agus cha 'n 'eil ann ach mearachd mhòr a smuaineachadh gu bheil na h-Eaglaisean Steidhichte air an cur a suas agus air an cumail a suas gu h-iomlan, no ann an tomhas mòr, aig costas na Rioghachd. Tha ionmhais nan Eaglaisean Steidhichte 's a mhòr chuid a' co-sheasamh ann an tabhairteachd fhialaidh nan linntean dh' fhalbh.

'Nam biodh a chùis so gu ceart air a rannsachadh, gu sonruichte an co-cheangal ris an stòras ro mhòr a thugadh bho'n Eaglais aig an Ath-leasach-

adh, agus ri luach nan oighreachdan sin an diugh, bhiodh i na ceisd chiogailteach. An do rinn an Rìoghachd ann an tomhas sam bith an Eaglais saibhir anns an tomhas 's an do rinn an Eaglais beairteach an Rìoghachd. Uime sin na'm b'è da rìreadh rùn na Rìoghachd na h-Eaglaisean a thoirt gu làr, agus an ionmhais a sgaradh uapa, a bharrachd air iomadh ceisd eile a dh'èireadh, bhitheadh cuisean ionmhais ri shocrachadh a bhiodh anabharrach cudthromach. Cha b' iad na h-Eaglaisean Steidhichte 'mhain a bhiodh anns a' bhruaidlein. Oir a cheart chòir laghail a bheireadh air an Rìoghachd greim a dheanadh air seilbh na h-Eaglais, dheanadh an lagh ceudna le coir agus le ceartas cho maith greim air oighreachdan mòran de àrd uaislean na Rìoghachd—oighreachdan a bhuineadh roimhe so do'n Eaglais. Tha e a cheart chòir laghail do'n Rìoghachd seilbha ghabhail air ionmhais nan *Dissenters* no na *Voluntaries*.

Uime sin, na'm biodh na h-eaglaisean Steidhichte air an tilgeadh gu làr—cuis nach gabh dìon air aon chor, agus gu ro-shonruichte an uair a tha de aineolas 's an tìr, an deigh na rinn na "*Dissenters*;"—seadh air an tilgeadh gu làr, cha b'urrainn nach biodh mòran eile de nithibh cudthromach air an tilgeadh bun-os-ceann. Bu choir do gach cunnart a dh'fheudadh teachd an lorg an leithid so de atharraichean a thabhairt air iomadh neach breithneachadh air a' chùis 'n a thràth. Ach cha b'è so uile ach toiseach gach atharrachadh mòr a thigeadh air an Rìoghachd, a tha cuid cho dàna a' cur air aghaidh. Ciod a tha 'n t-iarrtus gu'm bi "*gach luchd aidmheil co-ionann*" a' ciallachadh? Tha gu'm bi an Rìoghachd a'buntainn ris gach seorsa dhaoine, agus ris gach seorsa aidmheil co-ionann. Tha e

'ciallachadh, an uair nach gabh luchd-aicheadh Dhe agus luchd-aicheadh Chrìosd a bhi air an àrdachadh gu inbhe Crìosdalachd, gu'n teid an Rìoghachd a sìos cho ìosal riu-san, agus a chum 'us gu'm faigh iad an toil agus an iarrtus gu'm bi gach lide de aidmheil Chrìosdaidh air a dhubhadh a mach à Leabhar-lagha Bhreatainn. 'Se so da rìreamh a tha air a chiallachadh le cainnt thruaillidh na "*Voluntaries*" an uair a tha iad ag iarraidh gun bhaigh a bhi ri neach seach neach. Gun bhàigh ri Dia os ceann Bhelial—gun bhaigh ri Crìosd os ceann Ana-Crìosd!

Smuainicheadh neach sam bith cìod a thigeadh an lorg geill a thabhairt do iarrtuis thoibheumaich nan daoine so. Am b' urrainn neach sam bith dòchas altrum gu'm bitheadh beannachd d'ar tìr an ceangal ri a leithid so de atharrachadh? Gun teagamh, bhiodh an Eaglais Steidhichte air a tilgeadh gu làr, ach thilgeadh e mar an ceudna bun-os-ceann mòr phairt de aitreibh Lagh na Rìoghachd, oir tha am Breitheamh *Blackstone* ag innseadh dhuinn, "*gur e an Creideamh Crìosdaidh cuid de Laghanna Bhreatainn.*"

Thilgeadh e bun-os-ceann an aidmheil Ath-leasaichte ("Protestantism") a tha an dlùth cheangal ri crùn Bhreatainn, mar aon de na buaidhean a tha 'leigeil ris gur Rìoghachd Phrotestanach ar Rìoghachd-ne, mar shochair nach 'eil ro "*chothromach*" do Phapanaich. Thilgeadh e a thaobh an urnuigh leis am beilear a' fosgladh na Parlamaid, agus na boidean a th' air an agairt an cùirtean ceartais, mar nithibh nach 'eil "*cothromach*" an sealladh iomadh seorsa de dhaoine. Thilgeadh e a thaobh an fhaicill agus an geard a tha Lagh na Rìoghachd a' cur thairis air na Sgrìobtaireibh naomha airson

an cumail gun atharrachadh sam bith, mar ni nach 'eil "*cothromach*" do Iudhaich, do Phapanaich, Mahommedanaich, agus gach aon nach 'eil a' creidsinn gu bheil Dia idir ann. Chuireadh e sìos gach Lagh airson naomhachd là an Tighearna, a chum "*cothrom*" a thabhairt do Iudhaich, agus dhoibhsan nach 'eil a' creidsinn ann an Dia, agus ghearradh e air falbh an Lagh a tha airson na leaba phòsda a chumail gun truailleadh, gu "*cothrom*" a thabhairt do na Mormonaich. Smàladh e as gach uile theagasg a' Bhiobuill à sgoilean na Rìoghachd,—ni a tha fìor "*Voluntaries*" a nis le dùrachd agus le deothas a' tagradh. Tha gach cùis dhiubh so, aig a cheart àn so, gu leir air an tagradh le *Secularists* America (iadsan a tha 'g iarraidh gach teagasg spioradail a bhi air a sgaradh bho'n teagasg aimsireil). An America cha 'n 'eil Eaglais Steidhichte idir. Tha so a' co-chordadh ri bonn-steidh na "*Voluntaries*," mar is maith a tha fhios aca fein.

Tha sinn mar so a' faicinn gu bheil a' cheist f'ar comhair anabharach farsuing, agus an dlù-cheangal rithe tha iomadh leas agus sochair chudthromach an earbsa. Ach mu'n d'thoirear aon cheum air an t-slighe a tha iadsan a' comharrachadh a mach, tha e ro fheumail gu'm faic sinn ceann-aobhair na slighe air am bheil iad ag iarraidh ar treorachadh,—seadh gun aon cheum a thabhairt anns an t-slighe sin gus an tuig sinn a' chuis gu ceart. Ach tha sinn làn chinnteach, na'n tuigeadh sluagh Bhreatuinn a' cheist so gu soilleir, agus gach ni a tha na "*Voluntaries*" a' rùnachadh, gu'n tilgeadh iad uapa le oillt an cuis-iarrtuais.

Ach a bhàrr air gach ceist eile a tha co-cheangailte ri riaghladh dhaoine agus ath-leasachadh Eaglaisean, agus

an uair a ruisgeas sinn bho “ *Voluntaryism* ” gach comhdach-meallaidh leis am bheil e air a chomhdach, 's i so a' Cheist a tha na h-aobhar connsachaidh :—Am bheil e laghail agus mar fhiachaibh air Rìghrean agus air Luchd-riaghlaidh fìr Chreideamh agus Eaglais Chrìosd aideachadh mar dhleasdanas aimsireil na Rìoghachd a bhuineas do'n dreuchd ; agus le reachdan laghail, 'us le meadhonan aimsireil, aobhar Eaglais Chrìosd a chòmhnadh agus a chur ar aghaidh? Ma tha e laghail, tha aidmheil Rìoghachd, agus an co-chòrdadh ris a sin, Eaglaisean Steidhichte, a tha air an cur a suas le gliocas agus air bhonn sgriobtuireil, so-dhìonta, maille ris gach meadhon ceart eile a thig bho Lagh na Rìoghachd airson aidmheil Chrìosd agus beusalachd a chur ar aghaidh agus a dhìon. Mur 'eil e làghail, cha'n 'eil e comasach a dhearbhadh, gu 'm bheil na riaghailtean follaiseach, agus na meadhonan gnàthaichte a tha sinn a nis a' cleahdadh airson aidmheil agus cuspairean ar 'n 'aidmheil so-dhìonta no ceart :—bha sinn a mearachd mu'n chùis bho cheann cheudan bliadhna,—agus b'e dleasdanas na Rìoghachd a nis gach Lagh agus gach meadhon dhiu so a thilgeadh a thaobh, agus seasamh mar Rìoghachd an-diadhaidh.

An uair a tha aobhair agus seilbh cho soluimte agus cho cudthromach fillte 'stigh anns a' chonnsachadh bhrònach so, bithidh sinn neo-airidh air na daoine treuna, agus fiughantach bho'n d' thainig sinn, a chog eadhon gu bàs airson dleasdanas Rìoghachdail a chumail d'ar tìr;—bithidh sinn caoin-shuarach a thaobh nan sochairean is airde a tha mar dhlighe do'n àl a tha ri teachd, a dh' eireas a suas agus a dhiteas sinn, airson ar cionnt ann a bhi araon suarach mu onoir Dhia agus leas dhaoine,

mur cuir sinn, le gras agus beannachadh Dhia ar Maighstir, an aghaidh doighean ùra agus annasach a tha cho cunnartach, agus mur seas sinn gu daingean dlùth anns an t-seann t-slighe mhaith. Feudaidh sinn, da rir-
eamh a' radh ann an cainnt nan Laoch Diadhaidh a labhair o shean : “Bi misneachail, agus biomaid gaisgeil airson ar sluaigh, agus airson bhailtean ar Dè; agus deanamh an Tighearna an ni a ta maith 'n a shuilibh” (2 Sam. x. 12).

The first part of the paper is devoted to a general
 introduction of the subject, and to a statement of the
 objects of the present investigation. It is then
 divided into two parts, the first of which
 contains a description of the apparatus used,
 and the second a description of the method
 employed. The results of the experiments are
 given in the following table, and are
 compared with those of other authors.
 (2) (3) (4) (5) (6) (7) (8) (9) (10) (11) (12) (13) (14) (15) (16) (17) (18) (19) (20)

